

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

BÒRD NA GÀIDHLIG A' CUIDEACHADH LE RACHEL WALKER AIG FARPAIS SEINN EADAR-NÀISEANTA ANN AN LORIENT

11 An Dàmhair 2010

Tha tè de phrìomh bhana-sheinneadairean saoghal na Gàidhlig air a slighe dhan Bhreatainn Bhig a riochdachadh coimhearsnachd na Gàidhlig le òran ùr-nò. Bidh Rachel Walker a' seinn aig an 7mh farpais Eòrpach de Liet International, an aon chothrom a th'aig seinneadairean agus luchd-ciùil a bhith gan cur fhèin air adhart ann am farpais eadar-nàiseanta tro mhion-chànain na h-Eòrpa.

Tha Bòrd na Gàidhlig a' cuideachadh Rachel le cuibhreann de na cosgaisean aice air an turas. Tha na britheamhan air còig còmhlain a thaghadh airson Liet International 2010, a thèid a chumail ann am prìomh bhaile An Orient (Lorient, anns an Fhraing) air an 27mh dhen t-Samhain, 2010.

Bha aig pannal de bhritheamhan neo-eisimeil ri taghadh a dhèanamh à 46 òran bho 21 mion-chan fa-leth bho air feadh na Roinn Eòrpa, bho Galicia chun Ruis, Eileanan Faroe gu Cyprus. Bha raon farsainn de thaghadh aca eadar nòs nan òran agus stoidhle libhrigidh bho cheòl dùthchail gu rock, rap, pop, tango agus folk opera. Bha aig a h-uile òran ri bhith air a sgrìobhadh a dh-aona ghnothach son na farpais agus chan fhaodadh còmhlain òrain bhon dualchas a thaghadh.

Dh'ionnsaich Rachel Walker, bho Gheàrr-Lòchaidh faisg air Drochaid an Aonachain, Gàidhlig gu àrd-ìre fileantachd. Tha i ainmeil mar tha mar neach-ciùil agus tha i air trì clàr fhoillseachadh agus còrr math is 10,000 a reic. A-measg na bhios a' cluich sa chòmhlan aice bi trìuir oileanach bho oilthighean a' Chaisteil Nuaidh agus Srath Chluaidh.

Thuir Ceannard Bòrd na Gàidhlig, Iain Aonghas MacAoidh : “Tha Rachel na deagh eisimpleir de neach a thàinig tro fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig, a bha an sàs ann a siostam Fèisean nan Gàidheal agus a tha nis a' dèanamh ainm dhith fhèin gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta. 'S e seo an seòrsa neach a tha am Mòd ag iarraidh a bhith a' brosnachadh agus bhiodh e math tuilleadh dhiù fhaicinn a' tighinn air adhart mar Ghinealach Ùr na Gàidhlig.”

Thuir Rachel fhèin: “ 'S e cuirm air leth a tha seo agus tha cothroman mòr againn a' Ghàidhlig a chur air beulaibh dhaoine a dhearbhadh gun urrainn dhuinn ceann a' mhaide a

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



chumail riutha. Tha ar taing aig Bòrd na Gàidhlig airson a' chuideachaidh a fhuair sinn agus 's e fìor chothrom a th'ann dhan fheadhainn òga a bhios còmhla rium an sgilean fhèin a leasachadh air àrd-ùrlar eadar-nàiseanta. Bidh aire dhaoine bho air feadh na Roinn Eòrpa air an fharpais seo agus 's e deagh chothrom a th'ann Gàidhlig a chur air beulaibh dhaoine. Nochdaidh sinn cho adhartach sa tha a' Gàidhlig agus mar a tha sinn airidh air a bhith air an aon àrd-ùrlar ri na dùthchannan agus cultair eile. Agus ma shoirbhicheas leinn, cò aige tha fios dè na cothroman eile a dh'fhaodadh fuasgladh dhuinn."

Ma tha sibh airson barrachd fhaighinn a-mach mun naidheachd seo, cuireabh fios gu: Iain Aonghas MacAoidh: 07500 089 661 Bòrd na Gàidhlig: www.bord-na-gaidhlig.com Agus: www.mygaelic.com

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



BÒRD NA GÀIDHLIG ASSISTS RACHEL WALKER TO REPRESENT SCOTLAND AT LORIENT

11 October 2010

One of the Gaelic world's best known singers is to represent Scotland at the 7th edition of European minority language song contest Liet International, the only international song contest for singers and bands performing in a European minority language.

Bòrd na Gàidhlig is assisting Rachel with part of her travel costs in her challenge on the European stage. The selection jury of Liet International 2010 has chosen five finalists for the 2010 event, which will be held in the Breton city of An Orient (Lorient, France) on the 27th of November, 2010.

The independent jury had to make a selection from 46 songs in 21 different minority languages from all over Europe, from Galicia to Russia, the Faroe Islands to Cyprus. The variety in styles was huge, ranging from folk to rock, rap, pop, tango and folk opera. All the songs entering have to be specially composed for the event.

Rachel Walker, from Gairloch near Spean Bridge, a Gaelic learner who has achieved a high level of fluency, is an accomplished singer who has already produced three albums and has sold more than 10,000 copies. She will be accompanied as she sings her newly composed song at the event by, amongst others, three traditional music students from the Universities of Newcastle and Strathclyde.

Bòrd na Gàidhlig Chief Executive, John Angus MacKay, said: "Rachel is an excellent example of someone who has come through gaelic medium education, and benefited greatly from the Fèis movement, who is now making a name for herself nationally, and internationally. This is exactly the sort of talent the Royal National Mòd wants to develop and encourage - to see more emerge as the New Gaelic Generation – Ginealach Ùr na Gàidhlig."

Rachel Walker added: "This is a prestigious event which will showcase Gaelic and I am all set to prove that we can more than hold our own in this company. I am grateful to Bòrd na Gàidhlig for helping to make this trip possible as it will also be an invaluable experience for the young musicians in my accompaniment. To be able to take a new Gaelic song to an international event which will be attracting attention from all the other European countries will put Gaelic at the forefront of the stage. It is a great opportunity to display our creativity

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



and the vibrant state of Gaelic entertainment. Obviously if we are to be successful the event could well lead to other opportunities.”

Issued Monday, October 11, 2010 For further information on the contents of this news release, please contact John Angus MacKay: 07500 089 661